

# Cinnidhean agus càirdeas

Bha **cinnidhean** air an ainmeachadh mar a' chlann aig **ceann-cinnidh** no **ceann-feadhna**. Mar eisimpleir, Clann MhicAoidh, Clann MhicFhionghain, Clann 'Ic a' Phì.

Bha an **ceann-feadhna** a' coimhead air muinntir a' **chinnidh** mar 'theaghlaich'. B' e a **dhleastanas** an **dòn**, gu h-àraigdh ann an **cruadal** agus **gort**. Bha na **fir-chinnidh** an-còmhnaidh **umhail** don **cheann-cinnidh**. Bha iad nan arm priobhaideach aige.

Chaidh Calum a' Chinn Mhòir na Rìgh ann an 1058 an dèidh dha MhacBheatha a mharbhadh.

## An uair sin, thòisich siostam chinnidhean a' nochdadh.

Bha dà **dhòigh-beatha** aig na **fir-cinnidh**. Bha iad nan **tuathanaich** airson pàirt dhen bhliadhna a' cur **phòran** agus a' cumail crodh. As t-samhradh b' e saighdearan a bha annta a' leantainn a' **chinnfeadhna** dhan **chath**. Bha goid-chruidh mar phàirt den **dòigh-beatha**.

**Bha** dualchas, onair, dìlseachd **agus** dleastanas a' chinnidh **làidir**.



Caisteal Eilean Donan,  
Cathair Chlann MhicCoinnich  
agus Chlann MhicRath

